



## Leasan 9: Mac 'ic Ailein agus nighean Mhic a' Phì

Donnchadh Mac Dhòmhnail, Donnchadh mac Dhòmhnail 'ic Dhonnchaidh, (1882-1954) à Uibhist a Deas ag innse naidheachd do dh'Iain Latharna Caimbeul, Fear Chanaigh

Air a chlàradh ann an 1950

Faid: 00:03:46



<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/25021/1>

### Tar-sgrìobhadh

Bha uaireigin dhen t-saoghal ann **duine-uasal** ris an cante Mac a' Phì Cholbhasaigh. Agus tha e coltach gun robh nighean aige a bha àraid brèagha, agus cha tugadh e do dhuine sam bith i ri pòsadh ach fear a leumadh le each air geata mòr a bha aig an taigh aige.

Nis, bha mòran sluaigh a' cruinneachadh de dhaoine uaisle, agus eich mhòra bhrèagha aca cuideachd, eadar Galltachd agus Sasannaich. Bha feadhainn a' feuchainn air a' gheata a leum leis na h-eich sin, 's **bha e a' failleachdainn orra** 's bha feadhainn eile nach **miontraigeadh** idir.

Ach co-dhiù, chuala Mac 'ic Ailein mun chùis, agus chaidh e dhan a' Ghàidhealtachd agus ge bith co-dhiù 's ann air tè dhe na h-**oighreachdan** aca fhèin a fhuair e e no an àite eile dhen a' Ghàidhealtachd, thagh e each beag cnapach, a bha e a' smaointinn a bha gu math **spioradail**, agus a dhèanadh... a leumadh tarsainn air rud sam bith ach beagan de dh'ionnsachadh dha, agus 's e seo an rud a rinn e.

Fhuair e an t-each agus **theann e ri** a ionnsachadh. Agus air a bha e a' smaointinn dìreach gun dèanadh e an gnothach, sgeadaich e e fhèin agus an t-each, le deagh **thaod-gaoisid** a chur ann an ceann an eich, agus deise de chlà brèagha Gàidhealach air fhèin, agus chaidh **cruidhean** airgid a chur fo chasan an eich. Agus chan urrainn mi ràitinn gu dè seòrsa **diollaid** a bh' aige.

Ach co-dhiù, dh'fhalbh e leis an each **a ghleidheadh a' ghill**. Agus nuair a chunnaic na bha de dh'uaislean aig taigh Mhic a' Phì Cholbhasaigh a' tighinn e, thòisich feadhainn dhiubh air magadh air an each a bha aige. Ach bha feareigin sa chuideachd **air chaochladh beachd** agus thuirt e: "Coma leibh," ars esan. "Tha Ailean beag a' chridhe mhòir air tighinn agus cha sheas e a-mach mar **ghealtair** agus chì sibh sin."

Thàinig Ailean agus an t-each, agus nuair a bha e a' dlùthachadh gu math ris a' **chachaleith**, thug e deagh **spor** dhan each le ceann an taoid agus leum an t-each suas, agus chaidh e tarsainn air a' chlisnich chun an taobh eile, agus bha an geall air a ghleidheadh aige.

Agus nuair a chunnaic Mac a' Phì Cholbhasaigh dè seòrsa duine agus a ghlèidh an geall, agus an seòrsa eich a bh' aige, 's ann a bha e **fuathasach diombach**. Agus **thug e aghaidh** do Mhac 'ic Ailein, 's dòcha nach robh fhios aige gur e fear dhiubh a bh' ann, airson a dhol a dh'fheuchainn air a leithid a rud idir.

“O,” arsa Mac 'ic Ailein ris, “chan fhacas òr riamh nach bristeadh an t-airgead,” ars e fhèin.

Agus ged a ghlèidh Mac 'ic Ailein an nighean, cha ghabhadh e nighean Mhic a' Phì Cholbhasaigh an uair sin, agus 's e sin **tàmailt** bu mhotha a bh' anns a' chùis. Agus cha robh aig a' chòrr dhe na daoine a bha cruinn de dh'uaislean ach sgaoileadh air falbh dhachaigh agus bha an geall an dàrna taobh.